

## Bogha-froise



Tha tòrr sgeulachdan ann mun dòigh sa bheil bogha-frois air a dhèanamh. Nam measg sin, tha tè mu phoitean òir a bhith ann, air an dìon le luchrabain, no gu bheil iad nan drochaid eadar an Talamh agus Asgard, dachaigh nan diathan Lochlannach. 'S e fìor dheagh sgeulachdan a th' annta sin, ach tha mineachadh aig saidheans cuideachd air mar a tha bogha-frois air a dhèanamh agus tha e gu math inntinneach!

Bidh bogha-frois air a chruthachadh nuair a thèid solas na grèine tro bhoinne uisge. Bidh an t-uisge ag às-raonadh (a' lùbadh) an t-solais, agus bidh sin air ath-thilgeil (a' leum air ais) bho thaobh a-staigh a' bhoinne uisge. Nuair a dh'fhàgas an solas am boinne uisge, bidh e a' sgaradh bho aon tonn-fhad,

ris an can sinn solas geal, gu bhith na iomadh thonn-fhad agus a' dèanamh diofar dhathan: dearg, orains, buidhe, uaine, gorm, purpaidh agus bhiolait!

Faodaidh tu seo a dhearbhadh dhut fhèin le stuthan sìmplidh a th' agad san taigh!

### Feumaidh tu:

- 1 duilleag pàipear A4
- Glainne làn uisge
- Stiall pàipeir le ceart-cheàrnach tana air a ghearradh às
- Toirds

### Mar a nì thu e:

1. Steig an stiall pàipeir air cliathaich na glainne.
2. Cuir am pàipear A4 air an làr air an taobh eile dhen ghlainne.
3. Cuir dheth na solais agus feuch gum bi an rùm cho dorcha 's a ghabhas. Tha seo ag obrachadh nas fheàrr san dorchadas!
4. Deàrrs an toirds tron cheart-cheàrnach a chaidh a ghearradh agus coimhead an solas a' tighinn a-mach air an duilleig A4 air an làr.
5. Gluais an toirds air ais 's air adhart bhon ghlainne, agus atharraich an ceàrn air an deàrrs thu an toirds gus am faic thu bogha-frois air an làr!

